



Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail Litir-naidheachd Am Màrt 2018



Deitichean Cudromach

Diluain 5mh Màrt:	Seachdain Foghlam Ionmhais
Diciadain 7mh Màrt:	Coinneamh Comhairle nam Pàrant, 6.30f
Dihaoine 9mh Màrt:	Feasgar Foghlam Ionmhais airson pàrantan, 2f agus 2.30f.
Diciadain 28 Màrt:	Oidhche nam Pàrant, 3.30-5.30f agus 6.30-9f.
Diardaoin 29mh Màrt:	Sgoil a' dùnadh aig 2.30f airson na laithean-saora an t-Earrach.
Diluain 16mh Giblean:	Sgoil a' fosgladh airson luchd-obrach agus sgoilearan.

Seachdain Foghlam Ionmhais

Tha sinn a' cumail Seachdain Foghlam Ionmhais airson a' chiad turas riamh bho Dhiluain 5mh Màrt. Airson a' chiad bhliadhna againn bidh na tidsearan a' dèanamh leasan sònraichte ceangailte ri foghlam ionmhais agus cuideachd bidh cruinneachadh sònraichte air madainn Dhiluain còmhla ri Bunsgoil Ghleann Dail. A bharrachd air na rudan a bhios na sgoilearan ag ionnsachadh anns na clasaichean aca, bidh sinn a' cur fàilte air luchd-obrach bho Barclays (gu h-àraid air Mgr. Culbertson, athair Eilidh ann an C2) air Diardaoin agus tha iadsan gu bhith a' bruidhinn ri na clasaichean mu dheidhinn sgilean airgid. Air feasgar Dihaoine bidh cothrom ann do phàrantan a bhith a' tighinn dhan sgoil airson fhaicinn dè tha na sgoilearan air a bhith ag ionnsachadh ach cuideachd bidh café san t-seòmar drama le teatha agus cofaidh. Bidh cuid de na sgoilearan C7 a' ruith sin còmhla ri sgoilearan bho Ghleann Dail.

Ceilidh le Theatre gu Leòr

Bidh cuimhne agaibh gun robh Catriona Lexy Chaimbeul bho Theatre gu Leòr ag obair còmhla ri cuid de na sgoilearan againn san t-Samhain. Tha ceathrar sgoilearan bho C7/6 air cothrom miorbhaileach fhaighinn pàirt a chluich san dealbh-cluich aca, *Ceilidh*, a tha a' fosgladh air Diardaoin 8mh Màrt aig taigh-dealbh an Tron. Tha Iris O' Connell, Isabel Driscoll, Euan Campbell agus Benny Walsh a' gabhail pàirt san dealbh-cluich seo air Dihaoine 9mh Màrt aig 8.30f agus tha sinn an dòchas gun còrdaidh an cothrom seo riutha aca agus tha sinn cuideachd cho pròiseil gu bheil iad gu bhith a' gabhail pàirt!

Clubaichean

Bidh Cheerleading a' tighinn gu crìoch ann am Màrt agus gheibh sinn a-mach a dh'aithghearr cuin a thèid deit ùr a chuir air dòigh airson am farpais a bha còir a bhith a' ruith air Diciadain 7mh Màrt. Tha Miss MacDonald fhathast a' cumail a' dol le loga aig am dinneir agus tha na coidsichean bho Cholaiste Glasgow Clyde air ais airson obair a dhèanamh còmhla ri C4/3 air multi-sports agus club às dèidh na sgoile air netball airson sgoilearan C4 agus C5. Gach madainn Dhiardaoin bidh iad cuideachd ag obair còmhla ri sgoilearan C7/6 agus C5/4 airson tòrr diofar cothroman spòrs a thoirt dhaibh. Mo thaing ri James Hemmingsley bho Active Schools a tha air na cothroman sgoinneil seo a thoirt dhuinn.

Oidhche nam Pàrant

Thèid Oidhche nam Pàrant a chumail air Diciadain 28mh Màrt bho 3.30f gu 5.30f agus 6.30f gu 9f. Thig litrichean a-mach a dh'aithghearr a tha a' toirt cothrom do phàrantan ùine a thaghadh.

Bonaidean na Càisge

Bidh sinn a' dùnadh airson na laithean-saora air Diardaoin 29mh Màrt ach air an latha sin bidh sinn a' dèanamh am farpais bhliadhnail againn airson Bonaidean na Càisge! Airson teaghlachan ùra, seo far am bi sinn a' toirt air sgoilearan a bhith a' deasachadh bonaid leis a' chuspair A' Chàisge agus bidh gach clas a' sealltainn na bonaidean aca aig cruinneachadh sònraichte air an fheasgar. Tha duaisean ann airson na bonaidean as cruthachaile!

Tha Tàlant aig Gleann Dail!

Air Diardaoin 29mh Màrt, sa mhadainn, bidh farpais 'Tha Tàlant aig Gleann Dail' ann agus gheibh na sgoilearan tuilleadh fhiosrachadh air sin a dh'aithghearr.

Club obair-dachaigh

Tha Miss Brown agus Miss J MacDonald a' cumail club obair-dachaigh gach feasgar Dimàirt bho 3.30-4.30f airson an ath choig seachdainean. Tha an club seo fosgailte gu pàrantan C1-4 agus 's e cothrom a th'ann do phàrantan ag bhith ag obair còmhla ris am pàiste air obair chànan, le taic bhon tidsearan. Thèid Parent Mail a-mach gach feasgar Diluain airson gum faigh daoine cothrom an ainm aca a chuir sios airson a' chlub air an Dimàirt. Chan urrainn ach deichnear a bhith ann aig an aon àm gus am faod Miss Brown agus Miss MacDonald taic brioghmhor a thoirt seachad agus cho luath sa thèid na deich àiteahan an lìonadh, bidh e dùinte airson an t-seachdain sin. Thòisich an club an t-seachdain sa chaidh agus thug a h-uile duine a bha an sàs (sgoilearan, pàrantan agus tidsearan) deagh luachadh air. Tha sinn an dòchas gun urrainn dhuinn taic feumail a thoirt seachad do theaghlachan le obair-dachaigh Gàidhlig. Cùmaibh sùil a-mach air Diluain airson am Parent Mail agus bidh fàilte bhlàth a' feitheamh oirbh!

Mialan-fuilt

'S e duilgheadas gu math cumanta a th'ann am mialan-fuilt airson clann aig aois bun-sgoile. Cha tèid chasg a chuir orra ach le bhith a' coimhead air falt do phàiste gu math tric, 's urrainn dhuibh an lorg gu math tràth agus dèiligeadh riutha. Feuch agus coimhead air falt do phàiste aon uair san t-seachdain – bidh feum agaibh air na rudan àbhaisteach, m.e. shampoo/conditioner ach cuideachd cìr sònraichte airson a bhith a' lorg na mialan. Gheibh sibh cìr bho neach-cungaidhean sam bith. Cuimhnichibh gu bheil sibh a' coimhead airson mialan a tha a' gluasad. Ma tha sibh gan lorg, faodaidh sibh bruidhinn ri do neach-cungaidhean, oifigear-slàinte no dotair airson comhairle.



Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

Newsletter

March 2018



Important Dates

Monday 5 th March:	Financial Education Week begins.
Wednesday 7 th March:	Parent Council meeting, at BGGD, 6.30pm.
Friday 9 th March:	Showcase afternoon for Parents for Financial Education Week, 2pm & 2.30pm.
Wednesday 28 th March:	Parents' Evening, 3.30-5.30pm and 6.30-9pm.
Thursday 29 th March:	School closes at 2.30pm for Spring holiday
Monday 16 th April:	School re-opens to staff and pupils.

Financial Education Week

On Monday 5th March we will be embarking upon our first ever Financial Education Week! This year the week will take the format where the teachers will deliver special lessons on the theme of Financial Education and there will also be an opening assembly on Monday morning, with Glendale Primary, who have been marking Financial Education Week for many years now. As well as the lessons that our teachers will deliver, we look forward to welcoming staff from Barclays (especially Mr Culbertson, Eilidh in C2's dad!) who will speak to all our classes about money skills. On Friday afternoon there will be an opportunity for parents to visit our classes to see what the children have been learning and there will also be a café for parents in the Drama Room which will be run by pupils in P7 from both schools on the campus. We will send out sign-up information for this at the start of the week.

Ceilidh le Theatre gu Leòr

You may remember that last November Catriona Lexy Campbell from Theatre gu Leòr visited the school to deliver drama workshops to some of our pupils. We are so delighted that 4 of our C7/6 pupils have been invited to participate in their new production *Ceilidh*, which opens at the Tron theatre on Thursday 8th March. Iris O' Connell, Isabel Driscoll, Euan Campbell and Benny Walsh will participate in the performance on Friday 9th March at 8.30pm. We hope that they enjoy this wonderful experience and we are so very proud of them for taking part.

Clubs

Cheerleading will come to an end in March and we hope to find out soon when the Cheerleading competition, which had been scheduled for Wednesday 7th March, will be re-scheduled. Miss MacDonald will be continuing with yoga throughout March the Glasgow Clyde College students return to deliver netball as an after-school club for children in C4 and C5 and multi-sports for C4/3 during the school day and they will also be delivering a wide range of sporting activities for P7/6 and P5/4 on a Thursday morning until the end of April. My thanks to James Hemmingsley from Active Schools who has organised these opportunities for us.

Parents' Evening

Our Parents' Evening will take place on Thursday 23rd November from 3.30-5.30pm and 6.30-9pm. Letters will be issued to allow parents/carers to indicate their preferred time slot. Appointments are allocated on a 'first come first served' basis. School staff will try where possible to make suitable arrangements for siblings.

Easter Bonnet Parade

On the afternoon of Thursday 29th March, we will be holding our annual Easter hat parade as part of our Easter celebrations. We would like all pupils to make/decorate an Easter/Spring themed hat which they will wear to a special assembly and take part in a parade with their class. There will be prizes for the most creative hats! We look forward to seeing all your wonderful creations!

Glendale has got Talent!

On the morning of Thursday 29th March, we will be hosting our 'Glendale has Talent' competition! Pupils will be given more information on this in due course.

Homework Club

Following on from our recent homework survey, Miss Brown and Miss J MacDonald will be hosting a home work club every Tuesday afternoon at 3.30pm until 4.30pm for the next five weeks. The club is open to p1-4 parents and is an opportunity for both parent and child to engage in language-based homework activities with the support of a teacher. The sign-up link for Tuesday afternoon sessions will be sent via Parent Mail every Monday afternoon. Places are limited to 10 a week in order to ensure both Miss Brown and Miss MacDonald can provide meaningful support where needed and are on a first come, first served basis. The sessions began last week to positive feedback from children, parents and teachers all round and we hope to continue to foster a positive support with language-based home learning! Please keep an eye out on Monday for the link - we hope to see you there!

Information about Head Lice

Head Lice are a common problem in school aged children. They can't be prevented, but regular checking ensures early detection and treatment if necessary. Parents and carers should check their children's head once a week during hair washing. You need your usual shampoo, conditioner, and a detection comb – ask your local pharmacist to recommend a suitable one. Remember that you are looking for living moving lice, the only evidence that your child is infected. If you find a living louse, ask your local pharmacist, health visitor or GP for advice regarding treatment.